

Aithisg le Foghlam Alba a' dèiligeadh ri taobhan foghlaim mholadh Chomhairle nan Eilean Siar crìoch a chur air solar foghlaim AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail bhon Ògmhios 2015 le sgoilearan a' leantainn orra len cuid foghlaim aig Sgoil MhicNeacail bhon Lùnastal 2015.

1. Ro-ràdh

Chaidh an aithisg seo bho Foghlam Alba ullachadh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a rèir chumhachan *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus na h-atharrachaidhean ann an *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014*. Is e adhbhar na h-aithisg beachdachadh ann an dòigh neo-eisimeileach agus neo-phàirteach air moladh Chomhairle nan Eilean Siar a bhith a' cur crìoch air solar foghlaim AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail bhon Ògmhios 2015 leis a' chloinn a' leantainn air adhart len cuid foghlaim ann an Sgoil MhicNeacail bhon Lùnastal 2015. Tha Earrann 2 den aithisg a' cur an cèill geàrr fhiosrachadh mun phròiseas cho-chomhairleachaidh. Tha Earrann 3 den aithisg a' cur an cèill beachd-smuaineachadh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh mu thaobhan foghlaim a' mholaidh, a' gabhail a-steach beachdan cudromach on fheadhainn ris an deach comhairle a chur. Tha Earrann 4 a' toirt geàrr-iomradh air beachd fharsaing Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air a' mholadh. Air dhan chomhairle an aithisg seo fhaighinn, tha an Achd a' cur uallach air a' chomhairle beachdachadh oirre agus an uair sin an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach ullachadh. Bu chòir dha lethbhreac dhan aithisg seo a bhith anns an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich agus feumaidh mìneachadh a bhith innte mun dòigh, ann a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh, a tha i air sgrùdadh a dhèanamh air a' mholadh a bha ann aig an toiseach, a' gabhail a-steach geàrr-chunntas de na puingeann a chaidh an togail rè a' phròiseis co-chomhairleachaidh agus am freagrairt a thug a' chomhairle dhaibh. Feumaidh a' chomhairle an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich fhoillseachadh trì seachdainean mus tig i chun cho-dhùnaidh dheireannaich. Far a bheil comhairle a' moladh cur às do bhith a' leantainn air adhart le ìre foghlaim, feumaidh i leantainn nan dleastanasan reachdail a tha air an cur an cèill ann an Achd 2010, a' gabhail a-steach a bhith a' toirt fios do Mhinistearan taobh a-staigh sia làithean-obrach on tig i chun cho-dhùnaidh dheireannaich agus mìneachadh don luchd-co-chomhairleachaidh an cothrom a tha aca riochdachaidhean a dhèanamh gu Ministearan.

1.1 Bheachdaich Luchd-sgrùdaidh na Banrigh air:

- a' bhuidh a dh'fhaodadh am moladh a thoirt air clann agus daoine òga a bha sna sgoiltean; luchd-cleachdaidh sam bith eile; clann a dh'fhaodadh a bhith nan sgoilearan taobh a-staigh dà bhliadhna on chaidh am pàipear molaidh fhoillseachadh; agus clann agus daoine òga eile ann an sgìre na comhairle;
- buaidh sam bith eile a dh'fhaodadh a bhith aig a' mholadh;
- mar a tha a' chomhairle am beachd lùghdachadh a thoirt air, no seachnadh droch bhuidh sam bith a dh'fhaodadh èirigh bhon mholadh; agus

- na buannachdan foghlaim a tha a' chomhairle a' creidsinn a thig mar thoradh air a bhith a' cur a' mholaidh an cèill, agus na h-adhbharan a tha aig a' chomhairle a bhith a' tighinn chun nam beachdan sin.
- 1.2 Ann a bhith ag ullachadh na h-aithisg seo, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh os làimh nan tachartasan a leanas:
- frithealadh coinneamh phoblach a chaidh a cumail air 30 Sultain 2014 co-cheangailte ri molaidhean na comhairle;
 - beachdachadh air gach pìos fiosrachaidh sgrìobhte mun mholadh a chaidh a thoirt dhaibh leis a' chomhairle, gu h-àraidh an aithris mu bhuannachdan foghlaim agus sgrìobhainnean co-chomhairleachaidh co-cheangailte, tagraidhean sgrìobhte agus air an labhairt bho phàrantan agus bho dhaoine eile; agus
 - cuairtean gu làrach Sgoil Lìonail agus Sgoil MhicNeacail, a' gabhail a-steach conaltradh ris an luchd-comhairleachaidh iomchaidh.

1.3 Seach gu bheil am moladh a' ciallachadh gum bithear a' toirt ìre foghlaim gu crìoch ann an sgoil ann an sgìre dhùthchail, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a-steach am beachdachadh a rinn a' chomhairle air roghainnean reusanta sam bith eile a thaobh a bhith a' sguir de fhoghlam AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail, a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aige air a' choimhearsnachd ionadail agus a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig ullachaidhean-siubhail eadar-dhealaichte a thaobh an dùnadh a bhathar a' moladh.

2. Am Pròiseas Co-chomhairleachaidh

Ghabh Comhairle nan Eilean Siar os làimh co-chomhairleachadh air a moladh a thaobh *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010* agus na h-atharrachaidhean ann an *Achd Clann agus Daoine Òga (Alba) 2014*. Bha àm a' cho-chomhairleachaidh a' dol bho 11 Sultain 2014 gu 7 Samhain 2014. Chaidh sanasan a chur sna pàipearan ionadail. Chaidh coinneamh phoblach a cumail air Dimàirt 30 Sultain 2014. Chaidh mu 300 freagairt sgrìobhte a chur a-steach fa chomhair a' cho-chomhairleachaidh, bho phàrantan, sgoilearan agus buill den choimhearsnachd ionadail. Dhiubh sin, cha mhòr nach robh iad air fad an aghaidh a' mholaidh. A thuilleadh air an àireamh mhòr de luchd-freagairt, chuir Comhairle Phàrant Sgoil Lìonail a-steach fianais sgrìobhte chun chomhairle. Chaidh cuideachd dà athchuinge, a bha le chèile an aghaidh a' mholaidh, an cur a-steach chun chomhairle. Fo chumhachan *Achd Sgoiltean (Co-chomhairleachadh) (Alba) 2010*, tha Bòrd na Gàidhlig air ainmeachadh leis a' chomhairle mar bhuidheann comhairleachaidh air na molaidhean. Cha d' fhuair a' chomhairle freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig rè àm a' cho-chomhairleachaidh.

3. Taobhan Foghlam a' Mholaidh

3.1 Tha Sgoil Lìonail a' solair foghlaim bho ìre sgoil-àraich gu AS2 agus a' frithealadh Port Nis agus an sgìre mun cuairt ann am fìor cheann a tuath Leòdhais. Aig an àm a tha an làthair, tha na sgoilearan a' dol air adhart gu nàdarra gu Sgoil MhicNeacail ann an Steòrnabhagh aig deireadh AS2. Tha an sgoil 27 mìle air falbh bho Sgoil MhicNeacail. Tha e a' toirt eadar 40 agus 60 mionaidean a bhith a' siubhal air bus eadar an dà sgoil. Thàinig Comhairle nan Eilean Siar chun cho-dhùnadh san t-Samhain 2010 gun leantainn air adhart le foghlam AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail bho 29 Ògmhios 2012. Chaidh an co-dhùnadh seo a ghairm a-steach le Ministearan na h-Alba, agus rinn Comhairle nan Eilean Siar ath-bheachdachadh air an t-suidheachadh an dèidh seo agus chaidh aontachadh air 21 Ògmhios 2012 gun sguir den t-solar. Ach, bho 2012, tha rola na sgoile air tuiteam gu mòr. Aig an àm a tha an làthair chan eil ach ochdnar chloinne ann an AS1/AS2 air fad. Tha seo air sgàth 's gu bheil a' mhòr chuid de phàrantan a' roghnachadh an cuid chloinne a chur dìreach bho P7 gu Sgoil MhicNeacail. Tha na h-àireamhan a thathar a' sùileachadh airson nam bliadhnan ri teachd nas àirde ach chan eil iad sin a' gabhail a-steach iarrtasan a dh'fhaodadh a thighinn bho phàrantan an cuid chloinne a chur dìreach gu Sgoil MhicNeacail.

3.2 Tha a' chomhairle air a chur an cèill gu mionaideach grunnan bhuannachdan foghlaim chudromach do chloinn a dheigheadh gu còmhnaidh gu Sgoil MhicNeacail aig deireadh P7 nan deigheadh am moladh air adhart. Tha iad sin a' gabhail a-steach an cothrom a bhiodh aig daoine òga air curraicealam na b' iomchaidh; buidheann nas motha de cho-aioisean; comas nas motha a thaobh ceannardas agus stiùireadh; àrainn ionnsachaidh agus stòrasan nas freagarraich, agus solar nas fheàrr dhan fheadhainn aig a bheil feum air taic a bharrachd len ionnsachadh. Bhiodh daoine òga a tha fileanta sa Ghàidhlig a' faighinn buannachd bho chothrom air ionnsachadh tro mheadhan na Gàidhlig ann an raon nas fharsainge de chuspairean aig Sgoil MhicNeacail. Tha a' chomhairle cuideachd air cur an cèill gu soilleir mar a bhiodh cur an sàs a' mholaidh a' toirt cothrom dhan chomhairle an luach as fheàrr a dh'leasadh ann a bhith a' lìbhrigeadh a seirbheisean. A' gabhail a h-uile nì a tha sin còmhla, tha iad mar chùis làidir a thaobh buannachdan foghlaim a' mholaidh san fharsaingeachd.

3.3 Tha a' chomhairle a' mìneachadh gu soilleir mar a leasaicheadh am moladh càileachd a' churraicealam. Nan deigheadh am moladh air adhart, bhiodh cothrom aig daoine òga air àireamh na bu mhotha de thidsearan speisealta chuspairean agus cothrom air curraicealam a bheireadh dhaibh barrachd taghadh, doimhneachd agus leantainneachd ann am foghlam. Bhiodh cothrom aig daoine òga air taghadh na b' fharsainge de chur-seachadan taobh a-muigh na sgoile aig Sgoil MhicNeacail. Bhiodh barrachd chothrom aca air iomairtean leithid clasaichean taic le obair-sgoile, cho math ri barrachd chothroman a bhith an sàs ann an spòrs sgioba. An-dràsta ann an Sgoil Lìonail tha na h-ochdnar a tha air AS1 agus AS2 ag ionnsachadh còmhla ri chèile ann an clas ioma-ìre. Thuirtean pàrantan agus grunnan dha na daoine òga a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh gun deigheadh na buannachdan a dh'fhaodadh a bhith an lùib an ullachaidh a bha seo aig an àm a tha an làthair a chall, a' gabhail a-steach clasaichean le àireamh bheag. Ach, nam biodh am moladh soirbheachail bhiodh cothroman na bu mhotha aig na daoine òga a bhith ag obair còmhla ri buidheann nas motha den co-aioisean a bheireadh dhaibh buannachdan a thaobh cothroman sòisealta agus ionnsachaidh nas fheàrr. A bharrachd air a sin,

bha a' mhòr chuid den luchd-obrach a' faireachdainn gun leigeadh na h-ullachaidhean a thaobh a bhith a' stiùireadh agus a' rianachd aon làrach leotha feum na b' èifeachdaich a dhèanamh de dh'ùine an luchd-obrach agus de na stòrasan. San fharsaingeachd, bha a' mhòr chuid den luchd-obrach san dà sgoil dhan bheachd gun robh am moladh a' tabhann buannachdan foghlaim mòra ged a bha beagan airson cumail air adhart leis na h-ullachaidhean a bha ann aig an àm a tha an làthair.

3.4 Tha Sgoil MhicNeacail a' tabhann àrainn ionnsachaidh ùr-nodha a chaidh a togail a dh'aon ghnòthaich. Tha seo a' gabhail a-steach àiteachan fois a dh'aon ghnòthaich airson buidhnean sònraichte a bhith ag obair agus a' coinneachadh ann an suidheachadh sòisealta, teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh ùr an là an-diugh, cainnt-lannan, agus seòmraichean ioma-mheadhan. Tha na goireasan airson a bhith a' brosnachadh sgilean ealain-cluiche, a' gabhail a-steach ceòl agus dràma, de dh'àrd-chàileachd. Tha raointean speisealta a chaidh an togail a dh'aon ghnòthaich san sgoil a tha a' frithealadh gu math air cloinn le raon fharsaing de dh'fheumalachdan, a' gabhail a-steach feadhainn aig a bheil feumalachdan meidigeach a tha iom-fhillte. A thuilleadh air a sin, tha 5.5 tidsear taic, airson ionnsachadh speisealta co-ionann ri làn-thìde, san sgoil.

3.5 Tha grunnan phàrantan agus àireamhan mòra bhon choimhearsnachd gu làidir an aghaidh a' mholaidh. Ach, na pàrantan a thug am beachdan seachad aig a' choinneamh phoblach, ann an sgrìobhadh agus ann an còmhradh le Luchd-sgrùdaidh na Banrigh, bha iad sin an ìre mhath nam pàrantan chloinne a tha ann an Sgoil Lìonail aig an àm a tha an làthair no a bha innte san àm a chaidh seachad. Is e glè bheag de phàrantan a bha air roghnachadh an còir iarrtasan suidheachaidh aig Sgoil MhicNeacail a chleachdadh a rinn riochdachaidhean sam bith chun chomhairle a' toirt taic no an aghaidh a' mholaidh. Bha a' mhòr chuid a bha an aghaidh a' mholaidh iomagaineach mu raon de na h-aon chùisean, a' gabhail a-steach a' bhuidhe a bhiodh aig a' mholadh a bha ann a thaobh an t-seirbheis bus airson nan daoine òga a bhith a' siubhail chun na sgoile agus dhachaigh. Tha a' chomhairle air mìneachadh mar a ghiorraicheas i na h-amannan siubhail, le bhith a' cur air busaichean a bharrachd agus a bhith a' suidheachadh solais gus dùmhlaichd trafaig a lùghdachadh. Tha na h-ullachaidhean sin air a bhith air an cur nan àite a cheana agus tha buaidh bheag ach deimhinneach air a bhith aca air an àm a tha na turasan a' toirt. A thuilleadh air seo, bha cuid de phàrantan a bha an aghaidh a' mholaidh iomagaineach a thaobh cùisean sàbhailteachd agus stiùireadh air bus na sgoile agus mu bhith a' siubhal gu sàbhailte ann an aimsir a' gheamhraidh. Nan deigheadh am moladh air adhart, bu chòir dhan chomhairle leantainn air adhart le ceumannan gus pàrantan a mhisneachadh mu mhodhan airson a bhith cinnteach gum bithear a' siubhal gu sàbhailte chun na sgoile agus air ais dhachaigh. Nochd grunnan phàrantan cuideachd gun robh uallach orra mu na h-ullachaidhean a bha ann aig an àm lòn aig an àm a tha an làthair aig Sgoil MhicNeacail. Tha a' chomhairle air ceumannan deimhinneach a ghabhail gus dèiligeadh ris a' chùis seo. Tha iad sin a' gabhail a-steach ròta aig amannan sgarichte airson lòn, barrachd ghoireasan cantion agus planaichean airson àite fasgaidh far am faodadh sgoilearan biadh fhaighinn gu sgiobalta.

3.6 Bha measgachadh de bheachdan aig clann agus daoine òga air a' mholadh. Bha grunnan a bha an aghaidh a' mholaidh air am beachdan a chur ann an sgrìobhadh chun chomhairle. Thuir an fheadhainn a tha an-dràsta air AS1 agus AS2 ann an Sgoil Lìonail, a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh, gun robh iad toilichte agus dachaigheil sa chlas aca agus bha iad a' toirt taic làidir a thaobh a bhith a' leantainn air adhart leis na h-ullachaidhean a bha ann aig an àm a tha an làthair. Bha an fheadhainn a bha sna clasaichean bun-sgoile ann an Sgoil Lìonail an aghaidh a' mholaidh agus bha iad airson an roghainn a bhith aca leantainn air adhart ann an Sgoil Lìonail airson a' chiad dà bhliadhna den fhoghlam àrd-sgoile. Bhruidhinn an fheadhainn ann an Sgoil MhicNeacail a bha air a bhith ann an Sgoil Lìonail san àm a chaidh seachad gu deimhinneach mu na fèin fhiosrachaidhean a bha air a bhith aca ann an Sgoil Lìonail. Gu ìre mhòr, bha iad dhan bheachd gun robh iad air a bhith air an deagh ullachadh airson a dhol air adhart gu àrd-sgoil mhòr an dèidh am fèin fhiosrachadh air AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail. Ach, bha beagan dhan bheachd gun robh iad air a bhith air an cumail air ais le bhith na b' fhaide gun tòiseachadh ann an Sgoil MhicNeacail. Bha an fheadhainn a bha air a dhol dìreach bho P7 gu Sgoil MhicNeacail a' faireachdainn gum b' e seo an roghainn cheart dhaibh. Bha na daoine òga air fad a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh agus a tha an-dràsta a' frithealadh Sgoil MhicNeacail, a' bruidhinn ann an dòigh air leth taiceil mu na fèin fhiosrachaidhean aca, an coileanaidhean agus an taic a bha iad a' faighinn.

3.7 Fhuair a' chomhairle grunnan cheudan litrichean an aghaidh a' mholaidh air an soidhnigeadh le buill den choimhearsnachd ionadail, an dà chuid mar litrichean fa leth a chaidh an sgrìobhadh agus litir choitcheann a chaidh ullachadh an aghaidh a' mholaidh. Mhìnich na litrichean sin grunnan uallach a bha orra mun bhuidh a bhiodh aig a' mholadh a bhith a' sguir a thabhann foghlam aig ìre AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail air a' choimhearsnachd. Thuir buill dhan choimhearsnachd gun robh uallach orra mun bhuidh eaconamach fad-ùine air a' choimhearsnachd ionadail agus air na coimhearsnachdan mun cuairt. Cha robh iad dhan bheachd gun robh a' chomhairle air sealladh fad-ùine no mionaideach gu leòr a thoirt air buaidh an dùnaidh a bhathar a' moladh. Bha iad dhan bheachd gun cuireadh e bacadh air teaghlaichean a bhith a' gluasad dhan sgìre, a' toirt buaidh air fàs fad-ùine na coimhearsnachd. Thog iad uallaichean cuideachd mun bhuidh a bhiodh aig na h-astaran fada a bhiodh aca ri siubhal air luachan teaghlaich, air leantaileachd cànan agus cultar na Gàidhlig a tha cho làidir sa choimhearsnachd agus ann am feallsanachd nan teaghlaichean, a' gabhail a-steach buaidh nan eaglaisean ionadail.

3.8 Rè an ama comhairleachaidh chomharraich na pàrantan agus an luchd-co-chomhairleachaidh gun robh iad dhan bheachd gun robh grunnan mhearachdan no nithean air am fàgail a-mach às a' mholadh. Bha iad sin a' gabhail a-steach chùisean mu na h-àireamhan a bhathar a' meas a bhiodh air an rola san àm ri teachd agus dìth soilleireachd mu na bhathar a' meas a dheigheadh a shàbhaladh de dh'ionmhas agus dè cho math 's a bha a' chomhairle air cosgaisean obrachadh a-mach agus air beachdachadh air ionobrachas ullachaidhean eile. Feumaidh a' chomhairle dèanamh cinnteach gun gabh i na ceumannan deatamach gus iad sin a sgrùdadh agus, san aithisg co-chomhairleachaidh dheireannach, gun cuir i an cèill nan ceumannan a ghabh i gus dèiligeadh ris na cùisean sin.

3.9 Seach gu bheil am moladh a' ciallachadh gun tèid sgoil dhùthchail a dùnadh, ghabh Luchd-sgrùdaidh na Banrigh cuideachd sùim de bheachdachadh na comhairle air bun-chùisean dham bu chòir sùim sònraichte a ghabhail. Sa phàipear molaidh, chomharraich a' chomhairle còig roghainnean a thaobh a' mholaidh. Chaidh beachdachadh air so-dhèantachd gach fear de na molaidhean sin agus chaidh cur an cèill nan adhbharan carson a bha a' chomhairle dhan beachd gur e a bhith a' sguir dhan t-solar AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail a' chùrsa a b' fheàrr a dh'obraicheadh. Seach gu bheil a' chomhairle a' moladh sguir dhan t-solar AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail, tha a' chomhairle air beachdachadh reusanta a dhèanamh air buaidh a' mholaidh air a' choimhearsnachd ionadail. Ma chuireas a' chomhairle am moladh an sàs, bidh a' bhun-sgoil agus goireasan an togalaich air fad fhathast comasach a bhith air an cleachdadh le buill a' phobaill agus leis a' choimhearsnachd ionadail. Tha a' chomhairle air beachdachadh air na diofar ullachaidhean siubhail a bhios an lùib a bhith a' cur a' mholaidh an sàs. Tha i ag aithneachadh gum faodadh an ùine a dh'fheumar a chaitheamh a' siubhail chun na h-àrd-sgoile buaidh a thoirt air an taghadh a nì cuid de theaghlaichean a thaobh a bhith a' roghnachadh far am fuirich iad. Chan eil i am beachd gu bheil seo na bhun-chùis mòr gu leòr gus bacadh a chur air a bhith a' cur a' mholaidh an sàs. Ach, cha robh an luchd-ùidh a chuir freagairt a-steach mun mholadh agus a choinnich ri Luchd-sgrùdaidh na Banrigh a' faireachdainn gun robh a' chomhairle air co-chomhairle a dhèanamh riutha ann an dòigh èifeachdach gu leòr air na dòighean anns an obraicheadh na roghainnean eile seach sguir a thairgse solar AS1/AS2 ann an Sgoil Lìonail. Thug iad dùbhlàn cuideachd do mheasadh na comhairle air buaidh a' mholaidh air a' choimhearsnachd ionadail agus air na h-ullachaidhean siubhail eadar-dhealaichte. Bha iad a' cur gu mòr an aghaidh nan eileamaidean sin de mholadh na comhairle. Anns an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich, feumaidh a' chomhairle beachdachadh air na puingeann a chaidh an togail leis an luchd-ùidh.

4. Geàrr-iomradh

4.1 Tha Comhairle nan Eilean Siar air cùis shoilleir a chur an cèill a thaobh a' bhuanachd foghlaim a tha an lùib a' mholaidh san fharsaingeachd. Ma thèid am moladh a chur an cèill, gheibheadh daoine òga a bhiodh a' gluasad gu Sgoil MhicNeacail buannachd bho cothrom a bhith aca air curraicealam nas fheàrr, buidheann nas motha de cho-aoisean agus cothrom air stòrasan de dh'àrd-chàileachd, a' gabhail a-steach an fheadhainn aig a bheil feum air tuilleadh taic len ionnsachadh. A thuilleadh air seo, bhiodh a' chlann a' faighinn buannachd bho bhith ann an àrainn ionnsachaidh mòran nas goireasaich. Cuidichidh am moladh a' chomhairle ann a bhith a' coinneachadh ri dhleastanas a bhith a' dleasadh an luach as fheàrr ann a bhith a' libhrigeadh a seirbheisean, a' gabhail a-steach cleachdadh nas èifeachdaich de thidsearan speisealta agus àrd-mhanaidsearan. Tha a' chomhairle air ceumannan deimhinneach a ghabhail gus dèiligeadh ri uallaichean mu shiubhal sàbhailte chun na sgoile.

4.2 Tha grunnan phàrantan, chloinne agus dhaoine òga agus luchd-ùidh eile gu mòr an aghaidh a' mholaidh agus tha raon de dh' uallaichean aca mu dheidhinn. Tha iad sin air an cur an cèill san aithisg seo. Ann a bhith a' dèanamh lèirmheas air a' mholadh agus ag ullachadh an aithisg co-chomhairleachaidh dheireannaich, feumaidh a' chomhairle obrachadh gu dlùth le pàrantan, luchd-obrach, clann agus a' choimhearsnachd nas fharsainge ann a bhith a' dèiligeadh ris na h-uallaichean a tha orra. Tha seo a' gabhail a-steach nan uallaichean a tha orra fhathast a thaobh sàbhailteachd agus ullachaidhean stiùiridh air còmhdhail sgoile. Feumaidh a' chomhairle cuideachd dèiligeadh ris na mearachdan a thathar ag ràdh a tha an lùib a' mholaidh agus na nithean a chaidh am fàgail às. Tha iad sin a' gabhail a-steach an fheadhainn a chaidh an sònrachadh le Comhairle Phàrant Sgoil Lìonail san tagradh sgrìobhte a rinn i chun chomhairle.

Luchd-sgrùdaidh na Banrigh
Foghlam Alba
Samhain 2014